

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 13mh dhen DÙBHLACHD 2020

Ùrnaigh aig 7f

Aig an àm seo, tha sinn mothachail air an dà chuid na dùblain a tha romhainn fhathast agus air an dòchas a chì sinn air faire. Tha e mar gun robh sinn a' siubhal ann an oidhche gun chrioch, agus nuair a bha an dorchadas gar cuairteachadh gu teann, nochd solas dealrach, a' toirt dòchas dhan t-saoghal gu lèir.

B'e ar n-ùrnaigh:

*A Thighearna, tha sinn ag ùrnaigh airson luchd-saidheans agus luchdrannsachaidh;
airson na feadhna a tha a' feuchainn ris na dùblain a tha romhainn a thuigsinn;
airson na feadhna a tha a' feuchainn ri banachdach a chruthachadh;
airson na feadhna a bheireas comhairle do riaghaltasan.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.*

A dh'aindeoin nan dùblain a tha romhainn fhathast, tha sinn a' toirt taing do Dhia airson na feadhna a chruthaich na banachdaichean gus slàinte a neartachadh agus beatha a dhònadh.

Fhad 's a thèid sinn air adhart air turas na h-Aidbheinne, tha sinn a' cluinntin mu neach-fhianais a thàinig "airson fianais a thoirt mun t-solas." Chan eil an solas againn fhathast, ach tha an teachdaire air tighinn gus fianais a thoirt dhuinn gu bheil "an solas fior, a tha a' soillseachadh a h-uile neach, a' tighinn dhan t-saoghal." (Eòin 1: 6 - 9). Tha solas a' nochdadh air faire, tha beul an latha a' tighinn, tha solas Dhè a' tighinn a-steach dhan t-saoghal a-rithist.

Dèanamaid ùrnaigh:

*A Thighearna, 's e do shluagh a th' annainn, sluagh a bha a' siubhal ann an dorchadas,
agus aig a bheil miann do sholas fhaicinn a-rithist.
Tha sinn air a bhith a' siubhal tro làithean doirbhe,
agus tha miann againn beatha ar coimhairsnachd a lorg as ùr.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.*

A Thighearna, tha sinn a' toirt taing dhut airson luchd-saidheans agus luchd-rannsachaidh,

airson na feadhna a chruthaich na banachdaichean a tha a' toirt dòchas dhan t-saoghal gu lèir.

Tha sinn ag ùrnaigh gum bi torradh an cuid obrach air a roinneadh gu cothromach,

gus slàinte a nearthachadh agus beatha a dhònadh anns gach tìr.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha sinn fhathast a' siubhal, le dòchas daingeann gun tig an latha.

Tha sinn air ar sgapadh on a chèile, ach tha earbsa againn gun tig sinn còmhla a-rithist.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha sinn ag ùrnaigh airson na feadhna a fhrithealas do na tha beò,

agus do na tha dlùth don bhàis.

Tha sinn ag ùrnaigh airson na feadhna a chaill luchd an gràidh, airson na feadhna a tha fo bhròn,

agus tha sinn ag ùrnaigh gum bi thu ri an taobh.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha sinn air chluinntinn mun t-solas a tha a' tighinn a-steach dhan t-saoghal.

Tha sinn ag ùrnaigh gum bi sinn nar teachdairean,
a' toirt fianais mu ìosa Crìosd, solas Dhè a tha ri teachd.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an
Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais
Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla
ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)